



An Lanntair

## Trèanaiche Prògramair Ealain-chluiche Gàidhlig

**Uairean-obrach:** Làn-ùine, 35 uair / seachdain

**Tuarastal:** £15,925 p.a.

**Làrach:** An Lanntair, Steòrnabhagh

**Cunradh:** Ùine shuidhichte, l bhliadhna ach le cothrom gum mar l a rèir maoinachadh

---

**Tha sinn a sireadh neach òg a tha dealasach mu Gàidhlig agus na h-ealain airson a bhith na trèanaiche prògramair Ealain-chluiche Gàidhlig. A bheil thu faicinn sibh pèin anns an obair seo? Cothrom air leth airson fàs na sgilean agaibh ann an ionad-ealain trang, beothail. Cothrom sònraichte airson tòiseachadh do dreuchd as na h-ealain.**

### Ro-ràdh

Tha An Lanntair a' tabhann cothrom trèanaidh cruthachail Gàidhlig do neach dealasach mar phàirt den Sgioba Prògramadh nan Ealain-chluiche againn. 'S e cothrom cruth-atharrachail a bhios ann an seo do neach-labhairt na Gàidhlig eadar 20 is 24 bliadhna a dh'aois, a tha airson ionnsachadh mu na sgilean practaigeach a dh'fheumar airson dreuchd shoirbheachail a leasachadh san raon seo dhen obair againn. Tha sinn a' sireadh neach a tha dealasach mu Gàidhlig agus na h-ealain. Tha an obair làn-ùine airson dà mhìos dheug an toiseach ach le cothrom gum mair i a rèir maoinachadh.

### Fios mu An Lanntair

'S e ionad iomadh-ealain a tha anns An Lanntair - togalach a tha na ghailearaidh ealain, taigh-cluiche, taigh-dealbh, talla consairt, àrd-ùrlair airson bàrdachd is litreachas, stiùidio – tha a h-uile ceàrnaidh air a chur gu feum gus na h-ealain a thaisbeanadh ann an iomadh cruth. Tha an n-obair a' sgaoileadh aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta, ach tha sinn sònraichte leis gum buin sinn gu mòr ris an àite sa bheil sinn stèidhichte agus tha àite cudromach aig a' Ghàidhlig agus aig cùisean a bhuineas do Innse Gall. Tha a' ghoireas againn a' gabhail a-steach seòmar mòr a shuidheas 220 neach, gaileiridh, oifisean, bùth, bàr agus taigh-bidhe. B' e an togalach aon de na leasachaidhean ealain a bu mhotha a chaidh a dhèanamh air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan agus tha e cudromach aig ìre nàiseanta gu ro-innleachdail airson a bhith a' taisbeanadh ealain agus cultar Innse Gall.

### Mar a chuirear airson na h-obrach

Tha an dealbh-obrach agus mion-chomharrachadh an neach a thathar a' sireadh airson na h-obrach an cois seo. Ma tha thu airson cur a-steach airson na h-obrach cur na leanas tron phost no air post-dealain gu Alex Dhòmhnallach:

1. Litir a chur a-steach a' cur airson na dreuchd, a' mìneachadh nan dòighean anns a bheil thu a' coinneachadh nan slatan-tomhais
2. Cunntas Beatha

Alex Dhòmhnallach, Ceannard nan Ealan-cluiche  
An Lanntair, Sràid Choinnich, Steòrnabhagh, HS2 2DS  
[alex@anlantair.com](mailto:alex@anlantair.com)

Ma tha ceistean sam bith agad no ma tha thu airson bruidhinn mu rud sam bith mus cur thu a-steach tagradh, faodaidh thu fios a chur gu Alex Dhòmhnallach air 01851 708480 no [alex@anlantair.com](mailto:alex@anlantair.com)

Ceann-latha airson tagraidhean **Diluain 9m 28mh den Cèitean**



## Geàrr-thuairisgeul mun Obair agus Sònrachadh Pearsa

Trèanaiche Prògramair Ealain-chluiche Gàidhlig

£15,925 p.a. (35 uair/seachdain) – Airson 1 bhliadhna ach le cothrom gum mar 1 a rèir maoinachadh

### Prìomh Dhreuchdan

Bidh an neach-trèanaidh ùr fo stiùir Ceannard nan Ealan-cluiche.

Bidh na leanas mar phàirt dhe na prìomh dhreuchdan, dhleastanasan agus uallaichean san obair ùir inntinnich seo:

- Taic a chumail ri Ceannard nan Ealan-cluiche ann a bhith a' libhrigeadh prògram de dh'àrd-chàileachd, le fòcas làidir air a' Ghàidhlig agus ealain thraidiseanta.
- Obair a dhèanamh a tha a' neartachadh an trèanadh ann a bhith a' leasachadh, a' dealbhadh, ag adhartachadh agus a' margaidheachd na dh'fheumar airson am prògram a libhrigeadh.
- Obair còmhla ri luchd-teicnigeach, margaidheachd agus an sgioba san fharsaingeachd airson a bhith cinnteach gun ruith tachartasan mar bu chòir.
- Taic a chumail ri leasachadh agus libhrigeadh chruthachail de phròiseactan Ealan-cluiche sònraichte.
- Taic a chumail ri leasachadh agus libhrigeadh chruthachail de Fèis Bliadhna na h-Òigridh aig An Lanntair san Dàmhair 2018: 'Las/Ignite'.
- Obrachadh còmhla ri Bòrd Òigridh ùr An Lanntair agus an sgioba prògramaidh gus taic a chumail ri eileamaidean de dh'obair chruthachail An Lanntair.

### Sònrachadh Pearsa

Feumaidh tagraichean a bhith:

- Fileanta sa Ghàidhlig
- Aois eadar 20 is 24
- Dealasach mu na h-ealain agus Gàidhlig
- Sgilean conaltraidh mhath
- Sgilean IT, a' gabhail a-steach comas meadhanan didseatach a chleachdadh
- Sgilean eagrachaidh, planaidh agus rianachd-ama
- Deònach a bhith sùbailte a thaobh uairean-obrach a gabhail a-steach a bhith ag obair anmoch.
- Tuigse air cùisean co-ionannachd, ion-ghabhail agus cothrom.

Freagairt gu: Ceannard nan Ealan-cluiche